**quick** *a* grad, ealamh, deas, luath, clis  
**quicken** *v* beothaich, greas  
**quicklime** *n* aol-beò *m*  
**quickness** *n* luas *m*, graide *f*  
**quicksands** *n* beò-ghainmheach *f*  
**quicksilver** *n* airgead-beò *m*  
**quickstep** *n* mear-cheum *m*  
**quid** *n* nota *m*  
**quiescent** *a* sàmhach, tosdach

**quiet** *a* sàmhach, tosdach  
**quiet** *n* sàmhchair *f*, ciùineas *m*, tosd *m*  
**quieten** *v* sàmhach, ciùinich  
**quietness** *n* sàmhchair *f*, ciùineas *m*  
**quill** *n* cleite *f*  
**quilt** *n* cuibhrig *m*  
**quince** *n* cuinnse *f*  
**quinquennial** *a* còig-bhliannail  
**quinsy** *n* at *m* bràghad  
**quintessence** *n* ceart-bhrìgh *f*  
**quintuple** *a* còig-fillte  
**quip** *n* beum *m*, sgeig *f*  
**quire** *n* cuair *f*  
**quirk** *n* car *m*, cuilbheart *f*  
**quit** *a* saor  
**quit** *v* fàg, tràig, dealaich ri  
**quite** *adv* gu tur, gu lèir, gu h-iomlan;

buileach; air fad; (*somewhat*) gu math, car, rudeigin; *q. so*, dìreach sin  
**quits** *pred* *a* cuidhteas *a* chèile  
**quittance** *n* cuidhteas *m*  
**quiver** *n* balg-shaighead *m*  
**quiver** *v* crith; dèan ball-chrith  
**quixotic** *a* cìochòiteach  
**quiz** *n* ceasnachadh *m*  
**quizzical** *a* ceasnachail, teagmhach  
**quoit** *n* peileastair *m*  
**quorum** *n* àireamh-riaghailteach *f*, quorum *m*  
**quota** *n* cuid *f*  
**quotation** *n* (*lit.*) luaidh *m*, às-aithris *f*; (*comm.*) luach *m*, meas *m*  
**quote** *v* luaidh, aithris; thoir mar ùghdarras  
**quotient** *n* roinn *f*

# R

**rabbit** *n* coineanach *m*, rabaid *f*  
**rabble** *n* gràisg *f*, pràbar *m*  
**racid** *a* cuthachail, dearg-  
**race** *n* (*running*) rèis *f*; gineal *f*, cin-  
 neadh *m*  
**racer** *n* steud-each *m*  
**racial** *a* cinneadail  
**racialist** *a* cinneadh-chlaoidhteach  
**racism** *n* cinneadachd *f*  
**rack** *n* inneal *m* pianaidh  
**rack** *v* claidh, pian  
**racket** *n* gleadhraich *f*; (*sport*) racaid  
*f*  
**racy** *a* siùbhlach, brioghor  
**radiance** *n* lannir *f*, deàlradh *m*  
**radiant** *a* lannireach, boillsgeach  
**radiate** *v* deàlraich  
**radiator** *n* rèididheator *m*  
**radical** *a* gnèitheil, bunasach  
**radio** *n* rèidio *m*  
**radio-active** *a* rèidio-bheò  
**radiography** *n* rèidiografaidh *m*  
**radiology** *n* rèidi-eòlas *m*  
**radish** *n* meacan-ruadh *m*  
**radium** *n* rèidium *m*  
**radius** *n* roth *m*, spòg *f*  
**raffle** *n* crannchur-gill *m*  
**raft** *n* ràth *m*  
**rafter** *n* taobhan *m*, tarsannan *m*  
**rag** *n* luideag *f*, clùd *m*  
**ragamuffin** *n* global *m*  
**rage** *n* boile *f*, cuthach *m*  
**ragged** *a* luideagach, clùdach  
**raging** *a* fraochail, air bhoile  
**ragwort** *n* buaghallan *m*  
**raid** *n* ruaig *f*  
**raid** *v* ruag, thoir ruaig air/gu  
**raider** *n* ruagaire *m*  
**rail** *n* iadh-lann *f*, rèile *f*  
**railing** *n* callaid *f*, rèile *f*  
**raillery** *n* sgallais *f*  
**railway** *n* rathad-iarainn *m*  
**raiment** *n* aodach *m*, earradh *m*  
**rain** *n* uisge *m*, frasachd *f*  
**rain** *v* sil, dòirt, fras  
**rainbow** *n* bogha-frois *m*

**raincoat** *n* còta-frois *m*  
**rainy** *a* frasach, silteach  
**raise** *v* tog, àrdaich, dùisg  
**raisin** *n* rèasan *m*  
**rake** *n* ràcan *m*; ràcaire *m*  
**rake** *v* ràc; sgrùd  
**rally** *n* cruinneachadh *m*  
**rally** *v* ath-bhrosnach, brosnach  
**ram** *n* reithe *m*, rùda *m*  
**ram** *v* spàrr, stàrr  
**ramble** *n* cuairt *f*, fàrsan *m*  
**ramble** *v* gabh cuairt  
**rambler** *n* fear-fàrsain *m*  
**rambling** *a* seachranach, fàrsanach  
**ramification** *n* ioma-sgaoileadh *m*  
**ramify** *v* sgaoil  
**ramp** *n* aomadh *m*  
**rampant** *a* sùrdagach  
**rampart** *n* bàhan *m*  
**ranch** *n* rains *f*  
**rancid** *a* breun  
**rancorous** *a* gamhlasach  
**rancour** *n* gamhlas *m*  
**random** *n* tuaiream *f*; *at r.*, air  
 thuaiream  
**random** *a* tuaireamach  
**randy** *a* drùiseil  
**range** *n* sreath *m*, raon *m*, òrdugh *m*;  
 comasachd *f*; *within r.*, ann an raon  
 bualaidh *etc.*  
**range** *v* cuir an òrdugh; siubhail  
**rank** *n* inbhe *f*; sreath *m*, *f*  
**rank** *a* garbh; breun  
**rank** *v* sreathaich, cuir an òrdugh  
**rankle** *v* feargaich  
**ransack** *v* rannsaich  
**ransom** *n* èirig *f*  
**ransom** *v* fuasgail, saor  
**ranting** *n* blaomadaich *f*  
**rap** *n* buille *f*, pailleart *m*  
**rap** *v* buail, sgail  
**rapacious** *a* gionach, craosach  
**rapacity** *n* gionachas *m*, sannt *m*  
**rape** *n* toirt *f* air èiginn, truailleadh *m*  
**rapid** *a* bras, grad, clis  
**rapidity** *n* braise *f*, graide *f*

**rapport** *n* co-chomann *m*, càirdeas *m*  
**rapture** *n* mòr-aoibhneas *m*  
**rapturous** *a* aoibhneach  
**rare** *a* tearc, ainmig; (*of cooking meat*)  
 leth-amh  
**rarity** *v* tanaich  
**rarity** *n* annas *m*  
**rascal** *n* slaoightear *m*, rascail *m*  
**rase** *v* mill, dubh às, leag  
**rash** *n* broth *m*  
**rash** *a* dàna, cas  
**rasher** *n* sliseag *f*  
**rashness** *n* dàndas *m*, braisead *m*  
**rasp** *n* eighe *f*  
**raspberry** *n* subh-craoibh *m*  
**rat** *n* radan *m*  
**ratable** *a* ràtachail  
**ratchet** *n* bac-fhiacail *f*  
**rate** *n* luach *m*, fiach *m*; ràta *f*; rates,  
 ràtaichean *pl*  
**rate** *v* meas  
**rather** *adv* (*somewhat*) rudeigin; (*prefer*  
*to*) docha, feàrr; (*in phr. rather than*)  
 an àite, ach; is feàrr — na  
**ratification** *n* daingneachadh *m*  
**ratify** *v* daingnich  
**ratio** *n* coi-mheas *m*  
**ration** *n* cuid *f*  
**rational** *a* reusanta  
**rationality** *n* reusantachd *f*  
**rationalize** *v* reusantaich  
**rattle** *n* gleadhraich *f*, glag *m*, stàirn *f*  
**rattle** *v* dèan gleadhraich  
**ravage** *v* sgrios, creach, fàsaich  
**rave** *v* bi air bhoile  
**raven** *n* fitheach *m*  
**ravenous** *a* ciocrach  
**ravish** *v* thoir air èiginn, truail  
**ravishment** *n* èigneachadh *m*, truail-  
 eadh *m*  
**raw** *a* amh, neo-abaich  
**rawness** *n* amhachd *f*; aineolas *m*  
**ray** *n* gath-solais *m*, leus *m*  
**razor** *n* ealtainn *f*  
**re-** *pref* ath-  
**re-election** *n* ath-thaghadh *m*  
**re-enter** *v* ath-inntrig  
**re-examine** *v* ath-sgrùd  
**reach** *n* ruigheachd *f*, comas *m*  
**reach** *v* ruig, sin  
**react** *v* frith-ghluais

**reaction** *n* frith-ghluasad *m*; (*chem.*)  
 iom-oibreachadh *m*  
**reactionary** *a* frith-ghluasadach  
**reactor** *n* frith-ghluaistear *m*  
**read** *v* leugh  
**reader** *n* leughadair *m*  
**readily** *adv* gu toileach, gu rèidh  
**readiness** *n* ullamhachd *f*, deise *f*  
**reading** *n* leughadh *m*  
**readmission** *n* ath-leigeil *m* a-steach  
**readmit** *v* ath-ghabh a-steach  
**ready** *a* ullamh, deiseil  
**reaffirm** *v* ath-chòmhdaich  
**reafforestation** *n* ath-choilltearachd *f*  
**real** *a* fìor  
**realism** *n* fìorachas *m*  
**reality** *n* fìrinn *f*  
**realize** *v* tuig; thoir gu buil; reic  
**really** *adv* gu dearbh, gu fìor; seadh?  
**realm** *n* rìoghachd *f*  
**ream** *n* buinnseal *m*  
**reanimate** *v* ath-bheothach  
**reap** *v* buain  
**reaper** *n* buanaiche *m*  
**rear** *n* deireadh *m*  
**rear** *v* tog, àraich; èirich  
**rearmament** *n* ath-armadh *m*  
**reason** *n* reusan *m*, ciall *f*; adhbhar *m*,  
 fàth *m*  
**reason** *v* reusanaich  
**reasonable** *a* reusanta, cothromach  
**reasoning** *n* reusanachadh *m*  
**reassemble** *v* ath-chruinnich  
**reassert** *v* ath-dhearbh  
**reassure** *v* cuir inntinn aig fois  
**rebate** *n* lùghdachadh *m*  
**rebel** *n* reubalach *m*  
**rebel** *v* dèan ar-a-mach  
**rebellion** *n* ar-a-mach *m*  
**rebellious** *a* ceannairceach  
**rebind** *v* ath-chòmhdaich  
**rebound** *v* leum air ais  
**rebuff** *n* diùltadh *m*  
**rebuild** *v* ath-thog  
**rebuke** *n* achmhasan *m*  
**rebuke** *v* thoir achmhasan  
**recall** *v* gairm air ais; cuimhnich air  
**recantation** *n* àicheadh *m*  
**recapitulate** *v* ath-innis  
**recede** *v* rach air ais  
**receipt** *n* cuidhteas *m*

**receive** *v* gabh, gabh ri, faigh  
**recent** *a* ùr, o chionn ghoirid  
**receptacle** *n* ionad-tasgaidh *m*  
**reception** *n* fàilteachadh *m*, gabhail *m*,  
 ri, gabhail a-steach; cuirm *f*  
**receptive** *a* so-ghabhail  
**recess** *n* cùil *f*, uaigneas *m*; (*vacation*)  
 tàmh *m*  
**recession** *n* tilleadh *m*, dol *m* air ais  
**recessive** *a* teicheach  
**recipe** *n* modh *m*, *f*, dòigh *f* (dèanamh)  
**recipient** *n* fear-gabhail *m*  
**reciprocal** *a* malairteach, air gach taobh  
**reciprocate** *v* malairtich, dèan ga rèir  
**recital** *n* aithris *f*; (*mus.*) ceadal *m*  
**recite** *v* (ath-) aithris  
**reckless** *a* neo-chùramach, coma  
**reckon** *v* cùinnt; meas  
**reckoning** *n* cùinntadh *m*; meas *m*  
**reclaim** *v* thoir air ais; saothraich, ath-  
 leasaich  
**recline** *v* sin  
**recluse** *n* aonaranach *m*  
**recognize** *v* aithnich; (*admit*) aidich  
**recognition** *n* aithneachadh *m*;  
 aideachadh *m*  
**recoil** *v* leum air ais, frith-leum  
**recollect** *v* cuimhnich  
**recollection** *n* cuimhne *f*  
**recommend** *v* mol, cliùthaich  
**recommendation** *n* moladh *m*  
**recompense** *n* ath-dhioladh *m*; èirig *f*;  
*in r. for*, an èirig  
**reconcile** *v* rèitich  
**reconciliation** *n* rèite *f*, sìth *f*  
**recondite** *a* dìomhair, domhainn  
**reconnoitre** *v* rannsach, feuch  
**reconquer** *v* ath-cheannsaich  
**reconstruct** *v* ath-thog, ath-chum  
**record** *n* cùntas *m*, clàrachadh *m*;  
 (*disc*) clàr *m*  
**record** *v* sgrìobh, clàraich  
**recorder** *n* clàradair *m*; (*mus.*) reacòrd-  
 air *m*, cusail-bhinn *f*  
**recount** *v* innis; ath-chùinnt  
**recover** *v* faigh air ais; (*e.g. of health*)  
 fàs nas fheàrr  
**recovery** *n* faotainn *f* air ais; (*of health*)  
 fàs nas fheàrr  
**recreate** *v* ath-bheothaich, ath-chum  
**recreation** *n* cur-seachad *m*

**recrimination** *n* coireachadh *m*  
**recruit** *v* (*soldiers etc.*) tog; solair  
**rectangle** *n* ceart-cheàrnag *f*  
**rectangular** *a* ceart-cheàrnach  
**rectification** *n* ceartachadh *m*  
**rectify** *v* ceartaich, cuir air dòigh  
**rectitude** *n* ceart-ghnìomhachas *m*  
**rector** *n* ceannard *m*; reactor *m*  
**recuperate** *v* slànaich, rach am feabhas  
**recur** *v* tachair a-rithist, thig (an  
 cuimhne)  
**red** *a* dearg; (*of hair*) ruadh  
**redbreast** *n* brù-dhearg *m*  
**redde** *v* (*trans.*) deargaich; (*intrans.*)  
 fàs dearg  
**redeem** *v* saor; ath-cheannaich  
**redeemer** *n* fear-saoraidh *m*  
**redemption** *n* saorsa *f*, sàbhaladh *m*  
**redirect** *v* ath-sheòl  
**redness** *n* deirge *f*, ruaidhe *f*  
**redolent** *a* cùbhraidh  
**redouble** *v* dùblaich  
**redoubtable** *a* gaisgil  
**redress** *n* dioladh *m*, furtachd *f*  
**reduce** *v* lùghdachadh, islich  
**reducible** *a* so-lùghdachadh  
**reduction** *n* lùghdachadh *m*,  
 beagachadh *m*  
**redundancy** *n* anbharr *m*  
**redundant** *a* anbharr  
**reduplicate** *v* ath-dhùblaich  
**reed** *n* cuile *f*; slinn *m*; (*mus.*) ribheid *f*  
**reef** *n* sgeir *f*  
**reek** *n* deathach *f*, toit *f*  
**reek** *v* cuir smùid/toit dhe  
**reel** *n* (*dance*) ridhil *m*, ruidhle *m*; (*of*  
*thread*) piorna *f*  
**refectory** *n* biadhlann *f*  
**refer** *v* thoir iomradh air; cuir gu; till air  
 ais  
**referee** *n* reaf *m*  
**reference** *n* iomradh *m*, tuairisgeul *m*,  
 teisteanas *m*, brath *m*; *with r. to*, a  
 thaobh  
**referendum** *n* barail-fhuasgladh *m*  
**refill** *v* ath-lion  
**refine** *v* glan; ath-leagh; liomh, grinnich  
**refinement** *n* glaine *f*; grinneas *m*  
**refit** *v* ath-chàirich  
**reflect** *v* tilg air ais; smaoinich,  
 cnuasaich

**reflection** *n* ath-iomhaigh *f*, sgàile *m*;  
 smuain *f*  
**reflective** *a* smaointeachail  
**reflector** *n* sgàthan *m*; frith-thilgear *m*  
**reflex** *a* ath-bhuailte  
**reform** *n* leasachadh *m*, ath-  
 chòireachadh *m*  
**reform** *v* ath-leasaich  
**reformation** *n* ath-leasachadh *m*,  
 leasachadh *m*  
**reformer** *n* fear-leasachaidh *m*  
**refraction** *n* ath-raonadh *m*  
**refrain** *n* luinneag *f*  
**refrain** *v* cum air ais, tionndaidh (*o*)  
**refresh** *v* ùraich  
**refreshment** *n* ùrachadh *m*; (*biadh is*)  
 deoch *f*  
**refrigerate** *v* fionnaraich  
**refrigeration** *n* fionnarachadh *m*  
**refrigerator** *n* inneal-fionnarachaidh *m*,  
 frids *m*  
**refuel** *v* ath-chonnaich  
**refuge** *n* tèarmann *m*, didean *m*, sgàile  
*m*  
**refugee** *n* fògarrach *m*  
**refund** *n* ath-dhioladh *m*  
**refund** *v* ath-dhiol, aisig air ais  
**refusal** *n* diùltadh *m*  
**refuse** *n* fuidheall *m*, sprùilleach *m*  
**refuse** *v* diùlt, ob  
**refutation** *n* breugnachadh *m*  
**refute** *v* breugnaich  
**regain** *v* ath-choisinn, ath-shealbhaich  
**regal** *a* rioghail  
**regale** *v* dèan subhachas; thoir ròic de  
**regalia** *n* suaicheantas *m* rioghail  
**regard** *n* sùim *f*, meas *m*, urram *m*; aire *f*  
**regard** *v* gabh sùim de/ann; thoir aire  
 do; gabh ri(s) mar; thoir urram do  
**regardless** *a* neo-chùramach, dear-  
 madach  
**regatta** *n* rèis *f* shoithichean  
**regenerate** *v* ath-nuadhaich; cuir am  
 feabhas  
**regeneration** *n* ath-ghineamhainn *m*,  
 ath-nuadhachadh *m*  
**regent** *n* tàinistear *m*  
**regicide** *n* rìgh-mhort *m*; rìgh-mhortair  
*m*  
**regiment** *n* rèiseamaid *f*  
**region** *n* roinn *f*, ceàrn *f*

**regional** *a* roinne, roinneil  
**register** *n* clàr *m*  
**register** *v* sgrìobh (sios), clàraich; seall;  
 rach 'na ionad  
**registrar** *n* fear-clàraidh *m*  
**registry** *n* taigh-clàraidh *m*  
**regress** *v* rach air ais  
**regret** *n* duilchinn *f*, aithreachas *m*  
**regret** *v* bi duilich, gabh aithreachas  
**regular** *a* riaghailteach  
**regularity** *n* riaghailt *f*  
**regulate** *v* riaghlaich, seòl  
**regulation** *n* riaghailt *f*, reachd *m*  
**regulator** *n* treòraiche *m*  
**rehear** *v* ath-chluinn, thoir ath-  
 èisdeachd do  
**rehearsal** *n* ath-aithris *f*  
**rehearse** *v* ath-aithris  
**rehouse** *v* thoir/faigh taigh ùr do  
**reign** *n* rioghachadh *m*  
**reign** *v* rioghaich  
**reimburse** *v* ath-phàigh  
**reimbursement** *n* ath-phàigheadh *m*  
**rein** *n* srian *f*  
**rein** *v* cum srian air, smachdaich  
**reincarnation** *n* ath-cholainneadh *m*  
**reindeer** *n* rein-fhiadh *m*  
**reinforce** *v* ath-neartaich  
**reinforcement** *n* ath-neartachadh *m*  
**reissue** *n* ath-chur-a-mach *m*  
**reiterate** *v* ath-aithris  
**reiteration** *n* ath-aithris *f*  
**reject** *v* diùlt  
**rejection** *n* diùltadh *m*  
**rejoice** *v* dèan gàirdeachas/aoibhneas  
**rejoin** *v* cuir/tarraing ri chèile (rithist)  
**rejoinder** *n* freagairt *f*  
**rekindle** *v* ath-bheothaich  
**relapse** *n* tuiteam *m* air ais, ath-  
 thilleadh *m* tinneis  
**relate** *v* innis, aithris, cuir an cèill  
**related (to)** *a* càirdeach  
**relation** *n* (*telling*) aithris *f*; (*relative*)  
 caraid *m*, ban-charaid *f*  
**relationship** *n* càirdeas *m*; *r. by mar-*  
*riage*, cleamhnas *m*  
**relative** *n* caraid *m*, ban-charaid *f*  
**relative** *a* dàimheach; ri choimeas; *r.*  
*particle*, mion-fhacal *m* dàimheach  
**relax** *v* lasaich, socraich, fuasgail  
**relaxation** *v* lasachadh *m*, socair *f*, fois *f*

**relay** *n* sealaidheachd *f*  
**release** *v* fuasgail, cuir/leig ma sgaoil  
**relegate** *v* fògair, islich  
**relegation** *n* fògradh *m*, isleachadh *m*  
**relent** *v* taisich, gabh truas  
**relentless** *a* neo-thruacanta  
**relevance** *n* buinteanas *m*  
**relevant** *a* a' buntainn ri; *all r. information*, gach fiosrachadh a tha a' buntainn ris a' chùis  
**reliance** *n* earbsa *f*, muinghinn *f*  
**relic** *n* fuidheall *m*, iarmad *m*  
**relief** *n* furtachd *f*, faochadh *m*, cobhair *f*, cuideachadh *m*  
**relieve** *v* cuidich, furtaich  
**religion** *n* diadhachd *f*, creideamh *m*  
**religious** *a* diadhaidh, cràbhach  
**relinquish** *v* trèig  
**relish** *n* blas *m*, tlachd *f*  
**relish** *v* gabh tlachd de/ann  
**reluctance** *n* ain-deònachd *f*  
**reluctant** *a* aindeonach  
**rely** *v* earb, cuir muinghinn  
**remain** *v* fuirich, fan  
**remainder** *n* fuidheall *m*  
**remains** *n* (*corpse*) durlach *m*; fuidheall *m*  
**remand** *v* cuir air ais  
**remark** *n* ràdh *m*, facal *m*  
**remark** *v* thoir fa-near  
**remarkable** *a* sònraichte, suaicheanta  
**remedial** *a* leasachail  
**remedy** *n* leigheas *m*, iocshlaint *f*  
**remedy** *v* leighis, slànaich  
**remember** *v* cuimhnich  
**remembrance** *n* cuimhneachan *m*  
**remind** *v* cuimhnich do  
**reminiscence** *n* cuimhneachadh *m*  
**remiss** *a* dearmadach, neo-shuimeil  
**remission** *n* mathadh *m*  
**remit** *v* math; cuir air ais  
**remittance** *n* pàigheadh *m*; suim fairgid  
**remnant** *n* fuidheall *m*, iarmad *m*  
**remonstrance** *n* cur *m* an aghaidh  
**remonstrate** *v* cuir an aghaidh, earalaich  
**remorse** *n* agartas-cogais *m*  
**remorseful** *a* cogaiseach, doilgheasach  
**remote** *a* iomallach, cian  
**remoteness** *n* iomallachd *f*  
**removable** *a* so-ghluasad  
**removal** *n* gluasad *m*, imrich *f*

**remove** *n* at a *r.*, aig astar  
**remove** *v* cuir air falbh/imrich; gluais  
**remount** *v* ath-dhìrich  
**remunerate** *v* ioc, pàigh  
**remuneration** *n* pàigheadh *m*, dioladh *m*  
**renaissance** *n* ath-bheothachadh *m*  
**renal** *a* àirneach  
**rend** *v* srac, reub  
**render** *v* ioc, diol, thoir, liubhair  
**rendezvous** *n* ionad-coinneachaidh *m*  
**renegade** *n* trèigear *m*  
**renew** *v* (ath-) nuadhach  
**renewal** *n* ath-nuadhachadh *m*  
**rennet** *n* binid *f*  
**renovate** *v* ùraich, nuadhach  
**renovation** *n* nuadhachadh *m*  
**renounce** *v* diùlt, ob  
**renoun** *n* cliù *m*, alladh *m*  
**renowned** *a* cliùiteach, iomraiteach  
**rent** *n* sracadh *m*, reubadh *m*; (*money* *r.*) màl *m*  
**rent** *v* gabh air mhàl  
**rent** *part* a sracte, reubte  
**rental** *n* màl *m*  
**renunciation** *n* diùltadh *m*, trèigeadh *m*  
**reopen** *v* ath-fhosgail  
**reordain** *v* ath-òrdaich  
**reorganization** *n* ath-chòireachadh *m*  
**repaid** *part* a pàighte, ath-dhiolte  
**repair** *n* càireadh *m*  
**repair** *v* càirich; (*go*) tog air  
**repairable** *a* so-chàireadh  
**reparation** *n* dioladh *m*  
**repartee** *n* gearradairachd *f*, deasachaint *f*  
**repast** *n* biadh *m*, lòn *m*  
**repatriate** *v* ath-dhùchaich  
**repay** *v* ath-dhiol, pàigh  
**repeal** *n* ais-ghairm *f*  
**repeal** *v* cuir air ais  
**repeat** *v* aithris, ath-aithris  
**repeatedly** *adv* gu tric  
**repel** *v* tilg air ais  
**répente** *v* gabh aithreachas  
**repentance** *n* aithreachas *m*  
**repentant** *a* aithreachail  
**repercussion** *n* frith-bhualadh *m*  
**repertoire** *n* comas *m*, seilbh *f*  
**repertory** *n* ionad-tasgaidh *m*; comas *m*  
**repetition** *n* ath-aithris *f*  
**replace** *v* cuir an àite

**replay** *n* and *v* ath-chluich *f*  
**replenish** *v* lion, àirneisich  
**replete** *a* làn, iomlan  
**replica** *n* mac-samhail *f*  
**reply** *n* freagairt *f*  
**reply** *v* freagair, thoir freagairt  
**report** *n* aithris *f*, iomradh *m*  
**report** *v* thoir iomradh  
**reporter** *n* fear-naidheachd *m*  
**repose** *n* fois *f*, tàmh *m*  
**repose** *v* gabh tàmh  
**repository** *n* ionad-tasgaidh *m*, stòr *m*  
**repossess** *v* ath-shealbhaich  
**repossession** *n* ath-shealbhadh *m*  
**reprehensible** *a* ion-choireachadh  
**repress** *v* riochdaich; taisbein, cuir an cèill  
**representation** *n* riochdachadh *m*, taisbeanadh *m*  
**representative** *n* riochdaire *m*  
**repress** *v* caisg, ceannsaich, mùch  
**repression** *n* mùchadh *m*, ceannsaichadh *m*  
**repressive** *a* smachdail  
**reprieve** *n* stad-bhreith *f*  
**reprimand** *n* casaid *f*, achmhasan *m*  
**reprint** *v* ath-chlo-bhuail  
**reprint** *n* ath-bhualadh *m*  
**reprisal** *n* èirig *f*  
**reproach** *n* cronachadh *m*; masladh *m*  
**reproach** *v* cronaich, tilg air  
**reproachful** *a* tailceasach, beumail  
**reprobation** *n* dìteadh *m*, dimeas *m*  
**reproduce** *v* gin; mac-samhlaich  
**reproduction** *n* gintinn *m*; mac-samhlachadh *m*  
**reprove** *v* coirich  
**reptile** *n* pèist *f*  
**republic** *n* co-fhlaitheachd *f*, poblachd *f*  
**republican** *a* co-fhlaitheachdail, poblachail  
**repudiate** *v* trèig, cuir an aghaidh  
**repulse** *n* and *a* ruaig *f*  
**repurchase** *v* ath-cheannaich  
**reputable** *a* cliùiteach  
**reputation** *n* cliù *m*  
**request** *n* iarrtas *m*  
**request** *v* iarr, sir  
**require** *v* feum; iarr  
**requirement** *n* riathanas *m*  
**requisite** *n* ni *m* feumail

**requisite** *a* feumail, riathanach  
**requisition** *n* òrdugh *m*  
**requital** *n* diol *m*, èirig *f*  
**requite** *v* ath-dhiol  
**resale** *n* ath-reic *m*  
**rescind** *v* gearr, till  
**rescue** *n* fuasgladh *m*, saoradh *m*  
**rescue** *v* fuasgail, saor  
**research** *n* rannsachadh *m*, sgrùdadh *m*  
**research** *v* rannsaich  
**resemblance** *n* samhail *m*, coltas *m*  
**resemble** *v* bi coltach ri  
**resent** *v* gabh tàmailt dhe, gabh san t-sròin  
**resentful** *a* feargach  
**resentment** *n* doicheall *m*, fearg *f*  
**reservation** *n* roi-chlàradh *m*  
**reserve** *n* tasgadh *m*, cùl-earalas *m*  
**reserve** *v* caomhain, taisg  
**reserved** *a* stuama, dùinte; (*of seat etc.*) glèite  
**reservoir** *n* tasgadh *m*, ionad-tasgaidh *m*  
**resettlement** *n* ath-àiteachadh *m*  
**reside** *v* fuirich, gabh còmhnaidh  
**residence** *n* ionad-còmhnaidh *m*, fàrdach *f*  
**resident** *a* a' fuireach  
**residential** *a* còmhnaidhe  
**residue** *n* fuidheall *m*, iarmad *m*  
**resign** *v* thoir suas, gèill  
**resignation** *n* toirt *f* suas, gèilleadh *m*  
**resilience** *n* ath-leumachd *f*  
**resin** *n* ròiseid *f*  
**resinous** *a* ròiseideach  
**resist** *v* cuir an aghaidh  
**resistance** *n* strì *f*, cur *m* an aghaidh  
**resolute** *a* gramail, seasmach  
**resolution** *n* misneach *f*; fuasgladh *m*; rùn *m*  
**resolve** *n* rùn *m* suidhichte  
**resolve** *v* cuir roimh; fuasgail  
**resonant** *a* glòrach, ath-fhuaimneach  
**resort** *n* àite *m* cruinneachaidh; dòigh *f*; dol *m*  
**resource** treuntas *m*; seòl *m*, dòigh *f*  
**respect** *n* urram *m*, spèis *f*; *with r. to*, a thaobh  
**respect** *v* thoir urram/meas do  
**respectable** *a* measail  
**respectful** *a* modhail  
**respective** *a* àraidh

**respectively** *adv* fa leth  
**respiration** *n* analachadh *m*  
**respite** *n* anail *f*, fois *f*  
**respond** *v* ath-fhreagair  
**respondent** *n* fear-freagairt *m*  
**response** *n* freagairt *f*  
**responsibility** *n* cùram *m*  
**responsible** *a* cùramach  
**responsive** *a* freagairteach  
**rest** *n* fois *f*, tàmh *m*, sgur *m*; (*mus.*) clos  
*m*; (*pause*) tosd *m*; (*the rest*) càch  
**rest** *v* gabh fois, leig anail; stad  
**restaurant** *n* taigh-bidhe *m*  
**restful** *a* sàmhach, ciùin  
**restitution** *n* dioladh *m*  
**restless** *a* mì-fhois(t)neach, mì-stòlda  
**restoration** *n* ath-aiseag *m*  
**restore** *v* thoir/aisig air ais, leighis  
**restrain** *v* bac, caisg, smachdaich  
**restraint** *n* bacadh *m*, casg *m*; smachd *m*  
**restrict** *v* grab, cùm srian air  
**restriction** *n* grabadh *m*, bacadh *m*  
**restrictive** *a* grabach  
**result** *n* buil *f*, crìoch *f*, toradh *m*  
**resultant** *a* co-thorrach  
**resume** *v* tòisich às ùr; ath-ghabh  
**resurgence** *n* ath-bheothachadh *m*  
**resurrection** *n* aiseirigh *f*  
**resuscitate** *v* ath-dhùisg  
**retail** *v* mion-reic  
**retail** *a* bùtha  
**retailer** *n* mion-cheannaiche *m*  
**retain** *v* cùm, glèidh  
**retake** *v* ath-ghabh  
**retaliate** *v* thoir buille air a' bhuille  
**retard** *v* bac, cùm air ais  
**retch** *v* sgeith, tilg  
**retention** *n* cumail *f*  
**retentive** *a* cumailteach, dìonach  
**reticent** *a* tosdach, diùid  
**retina** *n* reitine *f*  
**retinue** *n* luchd-coimhreachd *coll.*  
**retire** *v* rach a thaobh, rach air  
 chluainidh, leig dreuchd dhe; *he re-*  
*tired*, leig e dheth a dhreuchd  
**retirement** *n* cluainead *m*  
**retort** *n* freagairt *f*  
**retort** *v* tilg air ais  
**retrace** *v* ath-lorgaich  
**retract** *v* tarraing air ais  
**retraction** *n* ais-tharraing *f*

**retreat** *n* ionad *m* dìomhair; tèarmann  
*m*  
**retreat** *v* teich  
**retrenchment** *n* lùghdachadh *m*  
**retribution** *n* ath-dhioladh *m*  
**retrieve** *v* faigh air ais, ath-bhuidhinn  
**retrospect** *n* sealltainn *m* air ais, sùil *f*  
 air ais  
**retrospection** *n* ais-amharc *m*  
**return** *n* tilleadh *m*, dioladh *m*  
**return** *v* till, thoir air ais  
**reunion** *n* ath-aonadh *m*  
**reveal** *v* nochd, taisbein  
**revel** *v* dèan ròic  
**revelation** *n* taisbeanadh *m*  
**revelry** *n* ròic *m*  
**revenge** *n* dioghaltas *m*  
**revengeful** *a* dioghaltach  
**revenue** *n* teachd *m* a-steach  
**reverberation** *n* ath-ghairm *f*  
**revere** *v* thoir àrd urram do  
**reverence** *n* urram *m*, ùmhachd *f*  
**reverend** *a* urramach  
**reverent** *a* iriosal, umhail  
**reversal** *n* tilleadh *m*  
**reverse** *v* till  
**reversion** *n* ath-shealbhadh *m*  
**revert** *v* till  
**review** *n* ath-bheachdachadh *m*;  
 sgrùdadh *m*, lèirmheas *m*  
**review** *v* ath-bheachdaich, sgrùd  
**reviewer** *n* fear-sgrùdaidh *m*  
**revile** *v* càin  
**revision** *n* ath-sgrùdadh *m*  
**revise** *v* ath-sgrùd  
**reviser** *n* sgrùdaire *m*  
**revision** *n* ath-sgrùdadh *m*  
**revisit** *v* ath-thathaich  
**revival** *n* dùsgadh *m*, ath-bheothachadh  
*m*  
**revive** *v* ùraich, dùisg, ath-bheothaich  
**revoke** *v* tarraing air ais  
**revolt** *n* ar-a-mach *m*  
**revolve** *v* iom-chuartaich  
**revolution** *n* iom-chuartaich *m*; bun-  
 os-cionn *m*  
**revolver** *n* daga-cuairt *m*  
**revulsion** *n* sgàig *f*  
**reward** *n* duais *f*, dioladh *m*  
**reward** *v* diol, thoir duais  
**rhetoric** *n* ur-labhradh *m*

**rhetorical** *a* ur-labhrach  
**rheum** *n* ronn(an) *m*  
**rheumatic** *a* lònidheach; *r.-fever*, fiabh-  
 ras *m* rheumatas/lòinidh  
**rheumatism** *n* lònidh *m*, *f*  
**rheumy** *a* ronnach, sreamshuileach  
**Rhine** *n* An Reinn *f*  
**rhinoceros** *n* sròn-adharcach *m*  
**rhododendron** *n* rodaideandran *m*  
**rhubarb** *n* rùrab *m*  
**rhyme** *n* comhardadh *m*; co-fhuaim *m*;  
 rann *f*; *internal r.*, uathne *m*  
**rhyme** *v* dèan rann  
**rhythm** *n* ruithim *m*, rithim *m*, ruith *f*  
**rib** *n* aisean *m*  
**ribald** *a* drabasda  
**ribaldry** *n* drabasdachd *f*  
**ribbon** *n* rioban *m*  
**ribonucleic acid** *n* searbhag *f* rioboniùc-  
 lasach  
**rice** *n* rus *m*  
**rich** *a* beairteach, saidhbhir  
**Richard** *n* Ristead *m*  
**riches** *n* beairteas *m*, saidhbhreas *m*  
**rick** *n* cruach *f*  
**rid** *v* saor, fuasgail  
**riddance** *n* saoradh *m*, fuasgladh *m*  
**riddle** *n* tòimhseachan *m*; (*agric.*) ruid-  
 eal *m*, criathar-garbh *m*  
**riddle** *v* ruidealaich  
**ride** *v* marcaich  
**riders** *n* marcaiche *m*  
**ridge** *n* druim *m*, mullach *m*  
**ridicule** *n* sgeig *f*, fanaid *f*  
**ridicule** *v* dèan sgeig  
**ridiculous** *a* gòrach, amaideach  
**riding** *n* marcachd *f*  
**rife** *a* pailt, lionmhor  
**rifle** *n* isneach *f*, raidhfil *f*  
**rift** *n* sgoltadh *m*  
**rig** *n* reige *f*  
**rig** *v* uidheamaich, sgeadaich  
**rigging** *n* buil *pl* is acainn *f* luinge  
**right** *n* ceartas *m*; còir *f*  
**right** *a* ceart, freagarrach; (*r. hand etc.*)  
 deas  
**right** *v* cuir ceart  
**righteous** *a* ionraic, fireantach  
**righteousness** *n* fireantachd *f*  
**rightful** *a* dìreach, ceart  
**rigid** *a* rag, doirbh, dùr, do-lùbtha

**rigidity** *n* raige *f*  
**rigour** *n* cruas *m*, dèine *f*  
**rigorous** *a* cruaidh, mion  
**rim** *n* oir *m*, bil *f*, iomall *m*  
**rime** *n* liath-reothadh *m*  
**rind** *n* rùsg *m*, cairt *f*  
**ring** *n* fàinne *m*, *f*; ceacall *m*  
**ring** *v* seirm, buail  
**ringdove** *n* smùdan *m*  
**ringleader** *n* ceann-gràisge *m*  
**ringlet** *n* bachlag *f*, fàinne *m*, *f*, cuach *f*  
**rink** *n* rinc *m*  
**rinse** *v* sgol  
**riot** *n* aimhreith *f*  
**riotous** *a* aimhreiteach  
**rip** *v* srac, reub; leig le  
**ripe** *a* abaich  
**ripen** *v* abaich  
**ripeness** *n* abaichead *m*  
**ripple** *n* crith *f*, luasgan *m*, caitean *m*  
**rise** *v* èirich; dèan ar-a-mach  
**risk** *n* cunnart *m*  
**risk** *v* feuch; cuir an cunnart  
**risky** *a* cunnartach  
**rite** *n* deas-ghnàth *m*  
**ritual** *n* deas-ghnàth *m*  
**rival** *n* co-dheuchainniche *m*  
**rival** *a* còistritheach  
**rivalry** *n* còmhstri, còistri *f*  
**river** *n* abhainn *f*  
**rivet** *n* calpa *m*  
**rivet** *v* calpaich, teannaich  
**rivulet** *n* sruthan *m*  
**road** *n* rathad *m*, slighe *f*; ròd *m*  
**roam** *v* rach air fàrsan  
**roan** *a* grisfhionn  
**roar** *n* beuc *m*, glaoth *m*, burral *m*  
**roar** *v* beuc, glaoth  
**roast** *n* ròsta *f*  
**roast** *v* ròist  
**rob** *v* spùill, spùinn, creach  
**robber** *n* spùilleadair *m*, creachadair *m*  
**robbery** *n* goid *f*, spùilleadh *m*  
**robe** *n* fallaing *f*, trusgan *m*  
**Robert** *n* Raibeart *m*  
**robin** *n* brù-dhearg *m*  
**robust** *a* calma, làidir  
**rock** *n* carraig *f*, creag *f*  
**rock** *v* luaig, tulg  
**rockery** *n* gàrradh-chreag *m*  
**rocket** *n* rocaid *f*

**rocky** *a* creagach  
**rod** *n* slat *f*, sgiùrsair *m*  
**rodent** *n* creimeach *m*  
**Roderick** *n* Ruairidh *m*, Ruaraidh *m*  
**roe** *n* earb(a) *f*, ruadhag *f*  
**roebuck** *n* boc-earba *m*  
**rogue** *n* slaughtear *m*  
**roll** *n* rolla *f*  
**roll** *v* fill, cuir car air char, stril, roilig  
**Roman** *n* and *a* Ròmanach *m*  
**Roman Catholic** *n* and *a* Caitligeach *m*,  
 Pàpanach *m*  
**romance** *n* romansachd *f*; (story) ròlaist  
*m*; (love *r.*) suirghe *f*  
**Romance** *a* Romansach  
**romantic** *a* romansach  
**Romanticism** *n* Romansachas *m*  
**Rome** *n* An Ròimh *f*  
**romp** *v* dèan cleasachd  
**rood** *n* ròd *m*; crois *f*  
**roof** *n* mullach *m*, uachdar *m*  
**roof** *v* cuir mullach air  
**rook** *n* ròcas *m*, ròcais *f*  
**room** *n* seòmar *m*, rùm *m*; àite *m*  
**roomy** *a* farsaing  
**roost** *n* spàrr *m*, spiris *f*  
**root** *n* freumh *m*, bun *m*  
**root** *v* freumhaich; spion às a bhun  
**rooted** *a* freumhaichte  
**rope** *n* ròpa *m*, ball *m*  
**rosary** *n* a' chonaire *f*, paidirean *m*  
**rose** *n* ròs *m*  
**Ross** *n* Ros *m*, Rosach *m*  
**rosy** *a* ruiteach  
**rot** *n* grodadh *m*, lobhadh *m*, malcadh  
*m*  
**rot** *v* grod, lobh, breoth  
**rota** *n* clàr *m* seirbheis  
**rotary** *a* rothach  
**rotation** *n* dol *m* mun cuairt  
**rotten** *a* grod, lobhte, malcte  
**rotund** *a* cruinn  
**rouge** *n* dath *m* dearg  
**rough** *a* garbh, molach; gailbheach,  
 garg  
**roughage** *n* gairbhseach *f*  
**roughen** *v* dèan/fàs garbh/gailbheach  
**roughness** *n* gairbhead *m*, gairge *f*  
**Roumania** *n* Romàinia *f*  
**round** *n* cuairt *f*, car *m*  
**round** *a* cruinn; crom

**round** *adv* mun cuairt, timcheall  
**roundness** *n* cruinnead *m*  
**rouse** *v* dùisg, broснаich  
**rousing** *a* brosnachail  
**rout** *n* ruaig *f*  
**rout** *v* ruag, sgap  
**route** *n* rathad *m*, slighe *f*  
**routine** *n* gnàth-chùrsa *m*  
**rove** *v* bi air fàrsan  
**rover** *n* fear *m* fàrsain  
**roving** *a* fàrsanach  
**row** *n* sreath *m*, *f*  
**row** (fight) *n* sabaid *f*, gleò *m*  
**row** *v* (of a boat) iomair  
**rowan** *n* caorann *f*  
**rowdy** *a* gleadhach  
**rower** *n* ràmhach *m*  
**rowlock** *n* bac *m*  
**royal** *a* rioghail  
**royalty** *n* rioghalachd *f*  
**rub** *n* suathadh *m*  
**rub** *v* suath, sgrìob  
**rubber** *n* rubair *m*  
**rubbish** *n* salchar *m*, brusgar *m*  
**ruby** *n* dearg-sheud *m*, rùbaidh *f*  
**rucksack** *n* màla-droma *f*  
**rudder** *n* stiùir *f*  
**ruddiness** *n* rùthadh *m*, deirge *f*  
**ruddy** *a* ruiteach, dearg  
**rude** *a* mì-mhodhail, borb  
**rudeness** *n* mì-mhodh *m*, buirbe *f*  
**rudiment** *n* ciad thoiseach *m*  
**rue** *v* crean, gabh aithreachas  
**rueful** *a* dubhach, brònach  
**ruffian** *n* brùid *f*  
**ruffle** *v* tog greann air, cuir á òrdugh  
**rug** *n* brat-ùrlair *m*  
**rugby** *n* rugbaidh *m*  
**rugged** *a* garbh, creagach  
**ruggedness** *n* gairbhe *f*  
**ruin** *n* sgrios *m*, lom-sgrios *m*; (of  
 building) làrach *f*, tobhta *f*  
**ruin** *v* sgrios, creach  
**ruinous** *a* sgriosail, millteach  
**rule** *n* riaghailt *f*, àithne *f*, reachd *f*;  
 ceannas *m*  
**rule** *v* riaghail, stiùir, smachdaich  
**ruler** *n* riaghladair *m*; rulers, luchd-  
 riaghlaidh  
**rum** *n* ruma *m*  
**rumble** *v* dèan rùcail

**ruminant** *a* a chnàmhas cìr  
**ruminate** *v* cnuasaich; cnàmh cìr  
**rummage** *v* rannsaich  
**rumour** *n* fathann *m*  
**rump** *n* dronn *f*, rumpall *m*  
**rumple** *v* preas  
**run** *n* ruith *f*; sligh *f*; raon *m*  
**run** *v* ruith; teich; leagh  
**rung** *n* rong *f*, rongas *m*  
**runic** *a* rùnach  
**runnel** *n* srùlag *f*  
**runner** *n* fear-ruith *m*  
**running** *n* ruith *f*  
**runway** *n* raon-itealan *m*  
**rupture** *n* màin-sic *m*; sgaradh *m*, eas-  
 còrdadh *m*  
**rupture** *v* bris, sgàin, sgaoil  
**rural** *a* dù(th)chail  
**ruse** *n* innleachd *f*

**rush** *n* dian-ruith *f*  
**rush** *v* ruith, brùchd  
**rushes** *n* luachair *f*  
**rushy** *a* luachrach  
**russet** *a* donn  
**Russia** *n* Ruisia *f*  
**Russian** *n* and *a* Ruiseanach *m*  
**rust** *n* meirg *f*  
**rust** *v* meirg, meirgich  
**rustic** *a* dùthchail/dùchail  
**rusticate** *v* fuadaich (don dùthaich)  
**rustling** *n* siosarnaich *f*  
**rustproof** *a* meirg-dhionach  
**rusty** *a* meirgeach  
**rut** *n* clais *f*; (of deer) dàmhair *f* (nam  
 fiadh)  
**ruth** *n* truas *m*, bàigh *f*  
**ruthless** *a* cruaidh, neo-thruacanta  
**rye** *n* seagal *m*

**Sabbath** *n* Sàbaid *f*  
**Sabbath Day** *n* La *m* na Sàbaid, Di-  
 Dòmhnach *m*

**Sabbatical** *a* Sàbaideach

**sable** *a* dorch, ciar

**sabotage** *n* sabotàis *f*

**saccharine** *n* siùcairinn *m*

**sack** *n* poca *m*, sac *m*

**sack** *v* sgrios, creach

**sack-race** *n* rèis *f* a' phoca

**sackcloth** *n* saic-aodach *m*

**sacrament** *n* sàcramaid *f*

**sacred** *a* naomh, coisrigte

**sacrifice** *n* iobairt *f*

**sacrifice** *v* iobair

**sacrilege** *n* ceall-shlad *m*, airchealladh *m*

**sad** *a* brònach, dubhach, muladach;  
 truagh

**sadden** *v* dèan brònach/dubhach

**saddle** *n* diollaid *f*, pillean *m*

**sadness** *n* bròn *m*, mulad *m*

**safe** *a* sàbhailte, tèarainte

**safeguard** *n* dìdean *m*, tèarmann *m*

**safety** *n* tèarainteachd *f*

**safety-pin** *n* prìne *m* banaltraim

**saffron** *n* cròch *m*

**sag** *v* thoir gèill, tuit

**sagacious** *a* geurchuiseach

**sagacity** *n* geurchuis *f*

**sage** *n* (*plant*) slàn-lus *m*; (*person*) saoi  
*m*

**sage** *a* glic

**sago** *n* sàgo *m*

**sail** *n* seòl *m*

**sail** *v* seòl, bi a' seòladh

**sailor** *n* seòladair *m*, maraiche *m*

**saint** *n* naomh *m*

**saint** *v* naomhaich

**sake** *n* sgàth *m*; *for the s. of*, air sgàth; *for*  
*his s.*, air a sgàth

**salad** *n* sailead *m*

**salamander** *n* corra-chagailte *f*

**salary** *n* tuarsadal *m* blianna

**sale** *n* reic *m*, dìol *m*

**saleable** *a* so-reic

**salesman** *n* fear-reic *m*

**saliva** *n* seile *m*

**salivate** *v* seilich

**salmon** *a* lachdann

**sally** *n* ionnsaigh *f*

**salmon** *n* bradan *m*

**salmon-trout** *n* bànaig *f*

**salon** *n* seòmar *m*

**saloon** *n* sailiùn *m*

**salt** *n* salann *m*

**saltire** *n* bratach *f* na croise, crann *m*

**saltcellar** *n* saillear *m*

**saltiness** *n* sailleachd *f*

**saltpetre** *n* mear-shalann *m*

**salutary** *a* slàinteil

**salutation** *n* fàilte *f*

**salute** *v* fàiltich, cuir fàilte air

**salvage** *n* tàrrsainn *m*

**salvation** *n* saoradh *m*; slàinte *f*

**salve** *n* sàbh-leigheis *m*, ungadh *m*

**same** *a* ionann/ionnan, ceudna, ceart,  
 aon

**sameness** *n* co-ionannachd *f*

**sample** *n* samhla *m*, eisimpleir *m*

**Samuel** *n* Somhairle *m*

**sanatorium** *n* sanaidh *m*

**sanctification** *n* naomhachadh *m*

**sanctify** *v* naomhaich

**sanctimonious** *a* cràbhach

**sanction** *n* aontachadh *m*, ùghdarras *m*;

reachd *m*, òrdugh *m*

**sanctuary** *n* comraich *f*, tèarmann *m*

**sand** *n* gainmheach *f*

**sandal** *n* cuaran *m*

**sandpaper** *n* pàipear-gainmhich *m*

**sandstone** *n* clach-ghainmhich *f*

**sandwich** *n* ceapaire *m*

**sandy** *a* gainmheil

**sane** *a* ciallach

**sanguinary** *a* fuilteach

**sanguine** *a* dòchasach

**sanitary** *a* slàinteil

**sanitation** *n* slàintealachd *f*

**sanity** *n* ciall *f*

**sap** *n* snodhach *m*, sùgh *m*

**sap** *v* mill

**sapling** *n* faillean *m*, ògan *m*

**sapphire** *n* gorm-leug *f*

**sappy** *a* sùghor

**sarcasm** *n* gearradh *m*, searbhach *m*

**sacastic** *a* searbh, beumnach

**sardine** *n* sàrdain *m*

**sash** *n* crios *m*, bann *m*

**Sassenach** *n* Sasannach *m*

**Satan** *n* Sàtan *m*, an Donas *m*, an  
 t-Abharsair *m*, Dòmhnall Dubh *etc.*

**satanic** *a* diabhlaidh, deamhnaidh

**satchel** *n* màileid *f*

**sate** *v* sàthaich

**satellite** *n* saideal *m*, dreagaire *m*

**satiety** *n* sàth *m*, leòr *f*

**satir** *n* sròl *m*

**satire** *n* aoir *f*

**satirical** *a* aoireil

**satirist** *n* èisg *f*

**salutize** *v* aoir, dèan aoireadh

**satisfaction** *n* sàsachadh *m*, toileachadh  
*m*

**satisfactory** *a* taitneach, dòigheil

**satisfied** *a* sàsaichte, toilichte

**satisfy** *v* sàsaich, toilich, riaraich

**saturate** *v* tuilich, bàth

**Saturday** *n* Disathairne *m*, Sathairne *f*

**saturnine** *a* gruamach

**sauce** *n* sabhs *m*, leannra *m*

**saucepan** *n* sgeileid *f*

**saucer** *n* sàsar *m*, flat *m*

**saucy** *a* beadaidh

**sausage** *n* isbean *m*

**savage** *a* allaidh, borb

**savageness** *n* buirbe *f*

**savant** *n* saoi *m*

**save** *v* sàbhail, glèidh, caomhainn

**saved** *a* saorte, tèarainte; air a  
 shàbhaladh

**saving(s)** *n* sàbhaladh *m*

**Saviour** *n* Slànaighear *m*

**savour** *n* blas *m*

**savour** *v* feuch blas

**savoury** *a* blasda

**saw** *n* sàbh *m*, tuireasg *m*

**sawdust** *n* min-sàibh *f*

**sawmill** *n* muileann-shàbhaidh *m*, *f*

**saxifrage** *n* lus *m* nan cluas

**saxophone** *n* sacsafon *m*

**say** *v* abair, labhair

**saying** *n* ràdh *m*, facal *m*

**scab** *n* sgreab *f*, càrr *f*

**scabbard** *n* truaill *f*, duille *f*

**scabby** *a* sgreabach, carrach

**scaffold** *n* sgalan *m*, sgafall *m*

**scald** *v* sgàld; plod

**scalding** *n* sgàldadh *m*

**scale** *n* (*weighing*) cothrom *m*; (*fish s.*)  
 lann *f*; (*degree etc.*) meud *m*, tomhas  
*m*; (*mus.*) sgàl *f*

**scale** *v* streap

**scaled** *a* lannach

**scallop** *n* slige *f* chreachain

**scalp** *n* craiceann *m* a' chinn

**scalpel** *n* sgian *f* lèigh

**scamper** *v* ruith, thoir ruaig

**scan** *v* sgrùd; (*metr.*) bi a-rèir

meadaireachd, meadairich

**scandal** *n* sgainneal *m*, tuaileas *m*

**scandalize** *v* sgainnealaich

**scandalous** *a* maslach, tàmailteach

**Scandinavia** *n* Lochlann *m*

**Scandinavian** *n* and *a* Lochlannach *m*

**scant** *a* gann, tearc

**scantiness** *n* gainnead *m*

**scanty** *a* gann, gearr

**scar** *n* leòn *m*, làrach *f*

**scarce** *a* gann, tearc, ainneamh

**scarcely** *adv* air èiginn, is gann, ach gann

**scarcity** *n* gainnead *m*, teirce *f*

**scare** *v* cuir eagal air

**scarecrow** *n* bodach-ròcais *m*

**scarf** *n* stoc *m*, guailleachan *m*

**scarify** *v* sgor

**scarlet** *n* sgàrlaid *f*

**scatter** *v* sgap, sgaoil

**scattering** *n* sgapadh *m*, sgaoileadh *m*

**scenario** *n* cnàmh-sgeul *m*

**scene** *n* sealladh *m*; ionad *m*; *make a s.*,  
 tog buaireadh *m*; (*dram.*) sealladh,  
 roinn *f*

**scenery** *n* dealbh-choltas *m*

**scent** *n* fàileadh *m*, boladh *m*, cùbhras *m*

**scented** *a* cùbhraidh

**sceptic** *n* and *a* às-creideach *m*

**sceptical** *a* às-creideach

**scepticism** *n* às-creideamh *m*

**sceptre** *n* slat-rioghail *f*

**schedule** *n* clàr *m*

**scheme** *n* innleachd *f*, dòigh *f*

**schism** *n* eas-aontachd *f* (eaglais)

**schizophrenia** *n* sgoltadh *m* inntinn

**scholar** *n* sgoilear *m*

**scholarship** *n* sgoilearachd *f*, foghlam *m*  
**scholastic** *a* sgoilearach  
**school** *n* sgoil *f*  
**school-house** *n* taigh-sgoile *m*  
**schoolmaster** *n* maighstir-sgoile *m*  
**schoolmistress** *n* ban-mhaighstir-sgoile *f*  
**sciatica** *n* siataig *f*  
**science** *n* saidheans *m*  
**scientific** *a* saidheansail; *s. experiment*,  
 deuchainn ealdhain  
**scintillating** *a* caoireach  
**scion** *n* faillean *m*, fiùran *m*  
**scissors** *n* siosar *f*  
**sclerosis** *n* sglearòis *f*  
**scoff** *v* mag, dèan fanaid  
**scold** *v* troid, cronaich  
**scone** *n* bonnach *m*, sgonna *f*  
**Scone** *n* Sgàin *m*  
**scoop** *n* liagh *f*, ladar *m*  
**scoop** *v* cladhach, tog  
**scope** *n* rùm *m*, àite *m*, comas *m*  
**scorch** *v* dadh, gread  
**score** *n* sgriob *f*; (20) fichead *m*; cùnnas  
*m*; (sport) cùnnas *m*, sgòr *m*; (*mus.*)  
 sgòr  
**score** *v* cuir, faigh  
**scorn** *n* tàir *f*  
**scorn** *v* dèan tàir  
**scornful** *a* tàireil, dimeasach  
**scorpion** *n* nathair-nimhe *f*, sgairp *f*  
**Scot** *n* Albanach *m*  
**Scotland** *n* Alba *f*  
**Scots** *n* (*language*) Beurla *f* Ghallda,  
 Albais *f*  
**Scotswoman** *n* ban-Albanach *f*  
**Scottish** *a* Albannach  
**scot-free** *a* saor, gun phàigheadh  
**scoundrel** *n* slaoightire *m*  
**scour** *v* nigh, sgànaich  
**scourge** *n* sgiùrsair *m*, sgiùrsadh *m*  
**scourge** *v* sgiùrs  
**scout** *n* fear-coimhid *m*, beachdair *m*  
**scowl** *n* gruaim *f*  
**scowl** *v* bi fo ghruaim, cuir mùig air  
**scraggy** *a* blian  
**scramble** *v* streap, dèan sporghail  
**scrap** *n* criomag *f*, mìr *f*; (*fight*) sabaid *f*,  
 tuasaid *f*  
**scrape** *n* sgriob *f*, dragh *m*  
**scrape** *v* sgriob, trus  
**scratch** *n* sgròbadh *m*, sgriob *f*, sgrìoch *f*

**scratch** *v* sgròb, sgriob, tachais  
**scrawl** *n* sgròbairachd *f*  
**scream** *n* and *v* sreuch *m*, sgread *m*  
**screech** *n* and *v* sgread *m*, sreuch *m*  
**creed** *n* sriutan *m*  
**screen** *n* sgàilean *m*  
**screen** *v* dìon, sgàilich; (*test*) feuch  
**screw** *n* sgrìubha *f*  
**screwdriver** *n* sgrìubhaire *m*  
**scribble** *n* sgròbail *m*  
**scribe** *n* sgrìobhaiche *m*  
**script** *n* sgrìobhadh *m*; làmh-sgrìobhadh  
*m*  
**scriptural** *a* sgrìobtarail  
**scripture** *n* sgrìobtar *m*  
**scrofula** *n* tinneas-an-rìgh *m*  
**scroll** *n* rolla *f*  
**scrotum** *n* clach-bhalg *m*  
**scrub** *v* nigh, sgrubhaigh  
**scruple** *n* teagamh *m*, imcheist *f*; tomhas  
*m* leigh  
**scrupulous** *a* teagmhach, cùramach  
**scrutinize** *v* sgrùd  
**scrutiny** *n* sgrùdadh *m*  
**scud** *v* ruith roimh 'n ghaoith  
**scuffle** *n* tuasaid *f*  
**scullery** *n* cùlaist *f*, frith-chidsin *m*  
**sculptor** *n* deilbhear *m*  
**sculpture** *n* deilbheadh *m*  
**scum** *n* cobhar *m*, sgùm *m*  
**scurious** *a* sgainnealach  
**scurvy** *n* an tachas-tioram *m*  
**scut** *n* feaman *m*  
**scuttle** *n* sgùil *f*  
**scythe** *n* speal *f*, fàladair *m*  
**sea** *n* muir *m*, *f*, cuan *m*, fairge *f*  
**sea-fish** *n* iasg *m* mara  
**sea-level** *n* àirde-mara *f*  
**sea-trout** *n* bànaig *f*  
**seabeach** *n* tràigh *f*, cladhach *m*  
**seafarer** *n* maraiche *m*, seòladair *m*  
**seagull** *n* faoileag *f*  
**seal** *n* (*animal*) ròn *m*; (*of document*)  
 seula *m*; comharradh *m*  
**seal** *v* seulaich; (*close*) dùin  
**sealing-wax** *n* cèir-sheulachaidh *f*  
**seam** *n* fuaigheal *m*, uaim *f*  
**seam** *v* fuaigh  
**seaman** *n* maraiche *m*, seòladair *m*  
**seaport** *n* longphort *m*, port *m* mara  
**sear** *v* crannaich, loisg

**search** *n* lorg *m*, sireadh *m*  
**search** *v* lorg, rannsach  
**seasickness** *n* tinneas *m* na mara, cur *m*  
 na mara  
**season** *n* aimsir *f*, tràth *m*, ràith *f*, sèasan  
*m*  
**season** *v* grèidh; dèan blasda  
**seasonable** *a* tràthail  
**seat** *n* suidheachan *m*, cathair *f*, àite-  
 suidhe *m*; àros *m*  
**seaweed** *n* feamainn *f*  
**seaworthy** *a* acfhainneach  
**secede** *v* teich  
**Seceder** *n* Seaseudair *m*  
**seclude** *v* dùin a-mach, dealaich  
**second** *n* tiota *m*; fear-còmhnaidh *m*  
**second** *a* dara  
**second** *v* cuidich, thoir cobhair  
**secondary** *a* dàrnach; *s. education*, fogh-  
 lam àrd-sgoile; *a s. matter*, cùis nas  
 lugha brìgh  
**secondhand** *a* ath-dhiolta  
**secondly** *adv* anns an dara h-àite  
**secrecy** *n* cleith *f*  
**secret** *n* rùn *m*, rùn-diomhair *m*, sgeul-  
 rùn *m*  
**secret** *a* diomhair, falaichte  
**secretariat** *n* rùnaireachd *f*  
**secretary** *n* rùnaire *m*, ban-rùnaire *f*; *S.*  
*of State*, Rùnaire (na) Stàite  
**secrete** *v* falaich; àraich, dealaich  
**secretion** *n* falachadh *m*; dealachadh *m*  
**secretness** *n* diomhaireachd *f*  
**secretory** *a* dealachaidh  
**sect** *n* dream *m*  
**sectarian** *a* buidheannach  
**section** *n* roinn *f*, earrann *f*; gearradh  
*m*  
**sector** *n* roinn *f*  
**secular** *a* saoghalta  
**secure** *a* tèarainte, seasgair; gun chùram  
**secure** *v* dèan cinnteach; glais, glac  
**security** *n* dìon *m*, tèarainteachd *f*  
**sedate** *a* ciùin, stòlda  
**sedative** *n* cungaidd *f* stòlaidh  
**sedentary** *a* suidheach  
**sedge** *n* seileasair *m*  
**sediment** *n* grùid *f*  
**sedition** *n* buaireas *m*  
**sedition** *a* buaireanta  
**seduce** *v* thoir a thaobh, truail

**seduction** *n* truailleadh *m*, toirt *f* a  
 thaobh  
**sedulous** *a* dùrachdach  
**see** *n* roinn *f* easbaig  
**see** *v* faic, seall, amhairc  
**see-saw** *n* làir-mhaide *f*  
**seed** *n* siol *m*, fras *f*; iarmad *m*, gineal *m*,  
 sliochd *m*  
**seed** *v* siolaich, cuir fras dhe  
**seedling** *n* faillean *m*, ògan *m*  
**seedtime** *n* àm *m* cur an t-sil  
**seeing** *n* lèirsinn *f*, fradharc (*older*  
*radharc*) *m*  
**seeing** *adv* a chionn, do bhrìgh  
**seek** *v* iarr, sir, rannsach  
**seem** *v* bi mar, leig/gabh air  
**seemly** *a* eireachdail, maiseach; iom-  
 chaidh  
**seep** *v* siolaidh  
**seer** *n* fiosaiche *m*, fàidh *m*  
**seethe** *v* earra-bhrùich  
**segment** *n* gearradh-cuarraig *m*  
**segregate** *v* dealaich, sgar  
**segregation** *n* dealachadh *m*, sgaradh *m*  
**seine net** *n* balg-lìon *m*  
**seize** *v* glac, cuir làmh ann, greimich air  
**seizure** *n* glacadh *m*, grèim *m*  
**seldom** *adv* gu tearc, gu h-ainmig  
**select** *v* tagh  
**selection** *n* taghadh *m*  
**selective** *a* roghnach  
**self** *pron* fèin, fhèin  
**self-conceit** *n* fèin-spèis *f*  
**self-denial** *n* fèin-àicheadh *m*  
**self-evident** *a* làn-shoilleir  
**self-government** *n* fèin-riaghladh *m*  
**self-interest** *n* fèin-bhuannachd *f*  
**selfish** *a* fèineil, fèin-chùiseach  
**selfishness** *n* fèinealachd *f*  
**self-governing** *a* fèin-riaghlach  
**self-government** *n* fèin-riaghladh *m*  
**self-respect** *n* fèin-mheas *m*  
**self-sacrifice** *n* fèin-iobairt *f*  
**self-same** *a* ceart, ionnan  
**sell** *v* reic  
**seller** *n* reiceadair *m*, fear-reic *m*  
**selvage, selvage** *n* balt *m*  
**semantic** *a* ciallachail  
**semantics** *n* eòlas *m* ciallachais  
**semblance** *n* samhla *m*, coltas *m*, suaip *f*  
**semi-** *pref* leth-

**semicircle** *n* leth-chearcall *m*  
**semicircular** *a* leth-chearcach  
**semicolon** *n* leth-phunc *m*, leth-stad *m*  
**seminal** *a* siolach  
**seminary** *n* sgoil *f*  
**semination** *n* siolchur *m*  
**semiquaver** *n* leth-chaman *m*  
**semitone** *n* leth-phong *m*  
**semivowel** *n* leth-fhoghair *m*  
**semolina** *n* seamoilina *f*  
**senate** *n* seanadh *m*  
**senator** *n* seanadhair *m*  
**send** *v* cuir  
**senile** *a* seantaidh  
**senior** *a* as sine, nas sine  
**seniority** *n* sinead *m*  
**sensation** *n* mothachadh *m*, faireachd  
 dainn *m*  
**sense** *n* ciall *f*, toinise *f*; brìgh *f*;  
 mothachadh *m*, faireachdainn *m*  
**senseless** *a* neo-mhothachail, gun chiall  
**sensibility** *n* mothachas *m*  
**sensible** *a* ciallach, tùrail; mothachail  
**sensitive** *a* mothachail; finealta  
**sensual** *a* feòlmhor, collaidh  
**sensory** *a* mothachail  
**sensuality** *n* feòlmhorachd *f*, coll-  
 aidheachd *f*  
**sensuous** *a* ceudfaidheach  
**sentence** *n* rosg-rann *m*, seantans *f*;  
 (*jud.*) binn *f*, breith *f*  
**sentence** *v* thoir binn, dìt  
**sentient** *a* mothachail  
**sentiment** *n* smuain *f*, rùn *m*  
**sentimental** *a* maòth-inntinneach  
**sentinel** *n* freiceadan *m*  
**separable** *a* so-dhealachadh  
**separate** *v* dealaich, sgar, tearb, roinn  
**separate** *a* dealaichte, roinnte, leis fhèin  
**separation** *n* dealachadh *m*, sgaradh *m*  
**separatist** *a* sgarachdach  
**sept** *n* fine *f*  
**September** *n* September *m*, An t-Sul-  
 tuine *f*  
